

Sgeulachdan is Rannan Mothachaidh

Ag innse nan sgeulachdan:

- Tha na goireasan taice agus na sgrìobtaichean anns na stuthan foghlaim againn gu math sùbailte. Na bi leisg na sgrìobtaichean agus na goireasan taice atharrachadh a rèir feumalachdan na cloinne dham bi thu ag innse nan sgeulachdan.
- Cuimhnich gu bheil èisteachd a cheart cho cudromach ri bruidhinn fhad 's a thathar ag innse nan sgeulachdan. Bu chòir èisteachd ri, freagairt ri agus a bhith ag aithneachadh a h-uile freagairt bhon luchd-èisteachd agad cho fad 's a ghabhas sin dèanamh. Chan fheumar cumail gu dìreach ris na sgrìobtaichean. Tha a bhith a' cur rudan ris agus a' dèanamh mhearachdan beaga uile mar phàirt den spòrs.
- Dèan cinnteach gu bheil gu leòr tìde aig a' chlann a bhith a' coimhead air no a' beantainn ris na goireasan taice. (Tha seo fìor dhan a h-uile duine ach gu sònraichte do chloinn le feumalachdan taic a bharrachd toinnte.) Faodaidh tu tìde fhàgail airson seo aig deireadh na sgeulachd cuideachd.
- Ma tha thu ag innse na sgeulachd do bhuidhinn, tha e uaireannan feumail barrachd air aon seata a bhith agad de na goireasan taice. Tha seo a' ciallachadh nach feum clann fuireach fhad 's a tha clann eile a' coimhead air na goireasan taice. Tha e a' ciallachadh cuideachd nach toirear buaidh air ruitheam na sgeulachd.
- Is toil leis a h-uile duine iongnadh! Cleachd bagaichean, pòcaidean agus basgaidean gus na goireasan taice agaibh a chumail dìomhair gus an nochd iad anns an sgeulachd.
- Brosnaich a h-uile duine gus pàirt a ghabhail ann an abairt no rann anns an sgeulachd a tha air ath-aithris (a' gabhail a-steach inbheach sam bith a tha an làthair). Tha seo a' ciallachadh gum bi clann air an cuairteachadh le fuaimean na sgeulachd. Ma tha thu ag innse na sgeulachd do chloinn gun chomas labhairt, dh'fhaodadh tu prìomh abairtean/freagairtean a chlàradh le clàrdairean-gutha.
- Tha ath-aithris cudromach, gu sònraichte do chloinn le feumalachdan taic a bharrachd toinnte. Ma ghabhas e dèanamh, innis an aon sgeulachd iomadh turas dhan aon bhuidheann de chloinn aig diofar amannan. Faodar cuideachd na sgeulachdan atharrachadh gus an innse aig diofar amannan den bhliadhna le bhith a' cur a-steach sneachd, ceilearadh nan eun agus mar sin air adhart.

Fios mu na Sgeulachdan

Tha a h-uile sgeulachd anns a' chruinneachadh sgeulachdan agus rannan stèidhichte air modhan mothachaidh air an sgrìobhadh no air an deasachadh le Ailie Finlay bho My Kind of Book (mykindofbook.org.uk) ann an com-pàirteachas le Coilltearachd na h-Alba.

Na Nigheanan Beaga agus na Rionnagan

Chaidh seo a thoirt bhon Sgeulachd aig na Bràithrean Grimm ‘The Star Talers’ no ‘The Star Money’ a gheibhear ann an cruinneachaidhean de sgeulachdan Grimm ann an leabhraichean no air-loidhne.

Seangan agus Madadh-allaidh

Tha seo a’ tighinn bhon fhionn-sgeul Eilbhiseach a gheibhear air-loidhne (sa Ghearmailtis) leis an tiotal ‘Der Fengg und die Ameise’. Chaidh seo a chruinneachadh an toiseach san leabhar ‘Die Sagen Vorarlbergs’.

‘Mit Beiträgen aus Liechtenstein’, le Franz Josef Vonbun.

Earball an Trobha

Tha tionndaidhean den sgeulachd seo air an innse air feadh an t-saoghail. Tha am facal ‘Taileypo’, a tha san sgeulachd sa Bheurla a’ tighinn bho thionndadh den sgeulachd à Ameireaga a Tuath a gheibhear air-loidhne.

Craobh-giuthais MhicDhùghlais agus na Luchan Beaga

’S ann à sgìre a’ Chuain Shèimh ann an iar-thuath Chanada a tha an sgeulachd seo agus tha i gu math aithnichte an sin. Tha an tionndadh agam stèidhichte air tionndadh bho sheanchaidh: Catriona Gordon.

Isean Drisean

Tha seo a’ tighinn bho sgeulachd Albannach thraidiseanta. Tha sgeulachd Isean Drisean (air a bheil Henny Penny sa Bheurla) ann an iomadh cruinneachadh sgeulachdan agus air-loidhne.

An Calman agus an Dreathan-donn

Tha seo stèidhichte air fionn-sgeul Èireannach mu eòin a tha ag ionnsachadh mar a nì iad an cuid neadan, ach ’s iomadh tionndadh den sgeulachd seo a chluinnear ann am Breatainn agus Èirinn agus tha i air innse mu iomadh seòrsa gnè eòin. Tha an sgeulachd as mòr-aithnichte den t-seòrsa mu pioghaidean agus gheibhear air-loidhne i.

A’ Chnag Seilich

Sgeulachd ùr le Ailie Finlay. Tha uirsgeulan mu chraobhan seilich a’ fàs bho rudan a thuit dhan làr gu math cumanta an Alba. (Faic, mar eisimpleir, ‘Flora Celtica’ le Willian Milliken agus Sam Bridgewater, Birlinn Books, Dùn Èideann, 2013, t.d 188.)

Is aithne dhomh craobh

Tha seo stèidhichte gu ìre air rann traidiseanta.

An Taigh Beag Fiodha sa Choille

Sgeulachd ùr le Ailie Finlay stèidhichte gu ìre air sgeulachd Aesop, ‘An Luchag Bhailteil agus an Luchag Dhùthchail’ a gheibhear ann an iomadh cruinneachadh sgeulachdan agus air-loidhne.

Craobh air a’ Chnoc

Tha seo stèidhichte air rann traidiseanta.